

PACA-IARRTAIS-OBRACH



Dreuchd	Stiùiriche Ionmhais
Cunntachail gu	An t-Àrd-Oifigear
Stèidhichte	Steòrnabhagh
Deit Dùnaidh	24 Ògmhios 2021, 12f
Agallamhan	5 luchar 2021, air Teams

4 Ògmhios 2021

A thagraiche chòir

IARRTAS OBRACH – STIÙIRICHE IONMH AIS

Taing airson d' ùidh san dreuchd airson Stiùiriche Ionmhais.

'S e dreuchd stiùiriche air leth inntinneach a tha seo obrachadh leis an sgioba aig MG ALBA. Tha e a' toirt cothrom a bhith ag obair le Bòrd na buidhne agus an sgioba àrd-stiùiridh fhad 's a tha sinn a' coimhead ri na meadhanan Gàidhlig a dhòn san àm ri teachd ann an saoghal a tha a' sìor atharrachadh.

Ma tha

- làn-theastanais agad mar chunntasair, le dòigh-obrach choimeirsealta agus ro-innleachdail, agus
- thu math le daoine, le eòlas ann a bhith a' libhrigeadh thoraidhean ann, agus a bhith a' glèidheadh seilbheachd airson, gnìomhachais is com-pàirteachais, agus
- thu nad neach-breitheachaidh ro-innleachdail a tha comasach gus stiùireadh agus brosnachadh mar a thèid sinn tro atharrachadh teicneòlais agus cultair

tha ùidh mhòr againn cluinntinn bhuat.

Tha e a' toirt toileachas dhuinn am pacà-iarrtais-obrach a chur an cois seo.


Gus tagradh a chur a-steach, cuir a-steach litir-chòmhdaidh agus an CV agad le iomradh air do sgilean, eòlas agus comasan, a' cur aire shònraichte air an Sònrachas Obrach. Bu mhath leinn cluinntinn mu do chomasan agus eòlas bhon dà chuid obraichean pàighe agus saor-thoileach. Ma tha thu ag iarraidh còmhchradh neo-fhoirmeil mun obair agus mun chothrom, cuir fios gu Claire NicLeòid, Comhairliche HR, air hr@mgalba.com agus curidh sinn air dòigh àm freagarrach airson còmhchradh.

Bu chòir dhut do thagrachd a chur a-steach ro 12f Diardaoin 24 Ògmhios 2021 gu hr@mgalba.com. Cha tèid beachdachadh air tagraighean a thèid an cur a-steach an dèidh seo.

Cuiridh sinn daingneachadh gun deach do thagrachd fhaighinn ro Dhiliain 28 Ògmhios 2021.

Thèid agallamhan a chumail Diluain 5 Iuchar 2021 tro Teams.

Le dùrachd



Dòmhnall Caimbeul
Àrd-Oifigear

MU AR DEIDHINN

Cò sinn?

Tha MG ALBA (Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) a' ruith na seanail Ghàidhlig **BBC ALBA** ann an com-pàirteachas leis a' BhBC. Tha uallach oirnn cuideachd airson **FilmG**, ann an co-obrachadh le Cànan Graphics Studio, agus thathas a' libhrigeadh **LearnGaelic** ann an co-bhanntachd leis a' BhBC, Bòrd na Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig agus Bòrd na Ceiltis (Alba).

Tha fiosrachadh cudromach mu ar n-amasan agus ar toraidhean airson na bliadhna seo ri fhaighinn nar [Plana Obrachaidh 2020/21](#).



Càite bheil sinn?

Tha ar prìomh oifis ann an Steòrnabhagh, le oifis cuideachd ann an Glaschu, agus làthaireachd ann an Inbhir Nis. Mar fhreagairt air Covid-19, tha sinn air gluasad gu soirbheachail gu bhith ag obair aig an taigh, agus bidh an roghainn seo ri fhaotainn leis an tagraiche soirbheachail.

Ar Luchd-obrach & Am Bòrd

Tha 43 [neach-obrach](#) againn, le [Bòrd](#) de 9.

Ar n-Àrainneachd Obrach

That has ag obair le dòigh obrach firinneach, fosgailte agus eadar-obrachail. Tha guth gach neach nar sgioba a' cunntadh. That has a' co-roinn nas urrainn dhuinn de dh'fhiorsachadh gus am bi fios aig gach neach ciamar a tha am buidheann a' dèanamh, ciamar a tha sinn uile a' cur ri sin agus ciamar as urrainnear a bhith fiùs nas fheàrr nar n-obair.



That has pròiseil gun do choilean sinn barantachadh bhon taobh a-muigh bho *Broadcast Best Places to Work in TV* airson còig bliadhna co-leantaileach (2016-2020), Inbhe Airgid bho *Creideas nar Cosnaichean* agus Inbhe Òir bho *Creideas nar Cosnaichean Òga*. That has dealasach ann a bhith a' dèanamh nas urrainn dhuinn gu bheil ar daoine falainn agus air an coimhead às an dèidh, ag obair le *Healthy Working Lives Awards* gus seo a choileanadh.

Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta

Mar bhuidheann, that has làn dhealasach mur Ullachaidhean Chorporra agus Shòisealta, a tha air an coileanadh ann an ioma dòigh, nam measg tro ar Poileasaidh Àrainneachd, ar Poileasaidh Fastaidh agus ann an tabhartasan seach airgead chun choimhlearsnachd agus buidhnean carthannais. That has gu cunbalach a' toirt seachad eòlas saor an-asgaidh agus uidheamachd gu tachartasan ionadail togail airgid, dannsan carthannais, farpaisean cheist, cuirmean dhuiscean agus bithear cuideachd a' toirt taic do riochdachadh bhidiothan foillseachadh carthannais, tachartasan spòrs, bùihtean-obrach cultarail agus foghlaim agus tachartasan film/Mòd.

AN DREUCHD ÙR

Cùl-fhiorsachadh

Tha na meadhanan Gàidhlig, coltach ri gach meadhan eile, a' dol tro atharrachadh brìgheil.

Bhon eòlas agad fhèin, agus bho [rannsachadh Ofcom](#), bidh fios agad mu na h-atharrachaidhean ann an teicneòlas meadhanan, branndan agus cleachdaidhean an luchd-amhairc. Bidh fios agad cuideachd gu bheil na meadhanan againn ag obrachadh taobh-staigh frèam-obrach poilitigeach agus taic roinne poblach.

Tha an dreuchd seo mu bhith a' stiùireadh lonmhais agus cuid a ghoireasan eile aig MG ALBA tro ùine atharrachaidd spionnmhor, agus aig an aon àm a' comasachadh fàs agus leantainneachd an cois a bhith a' libhrigeadh nan ìrean as àirde de aithris ionmhasail agus riaghlaidh.

Is e prìomh amasan eile na dreuchd cuideachadh a bhith a' gleidheadh seilbheachd ùr anns na meadhanan Gàidhlig agus a bhith a' comasachadh agus a' cuideachadh leis an obair cruth-atharrachaidd an dà chuid a thaobh branndan na buidhne agus àite-obrach ath-dhealbhaichte an dèidh Covid-19, a' gabhail a-steach an cleachdadha as fheàrr de theicneòlas agus cleachdaidhean àrainneachd.



An Neach

Bidh na prìomh feartan a leanas aig an tagraiche freagarrach againn, aig a bheil làn-theisteanais mar chunntasair:

- Bidh e comasach dhut dàimhean làidir a thogail aig àrd-ìre, a' libhrigeadh prògram conaltraidh cunbalach a leanas gu maoineachadh fad-ùine agus seasmhachd riaghlaidh;
- Tuigidh tu mar a bheir thu cruth-atharrachadh tro cheannardas ro-innleachdail, an dà chuid taobh a-staigh na buidhne agus air an taobh a-muigh, a' brosnachadh agus a' stiùireadh tro eisimpleir agus tro do shoilleireachd smaoineachaidd; agus
- Bidh dòigh-obrach ùr-ghnàthach agus sùbailte agad, bidh thu nad neach-conaltraidh tarraingeach, brosnachail agus buadhach ann an àrainneachd ioma-fhillte luchd-ùidhe.

Bidh na prìomh feartan sin aig na tagraichean freagarrach againn:

- Deònach a bhith mar phàirt de sgioba ceannardais trang, spionnmhor agus soirbheachail
- Sgilean eadar-phearsanta agus conaltraidh sàr-mhath
- A bhith nad fior dheagh eisimpleir agus nad stiùiriche sgioba
- A bhith air thoiseach ann an cleachdaidhean atharrachaidd agus coidsidh
- Deònach a bhith a' gealltainn ionnsachadh san obair, le taic bho leasachadh proifeasanta agus teisteanasan on taobh a-muigh.

FIOSRACHADH TAGRAIDH

Prìomh Chinn-là

Tagraidhean fosgladh 4 Ògmhios 2021
Deit Dùnaidh 24 Ògmhios 2021
Agallamhan 5 Iuchar 2021

Pròiseas Taghaidh

Tha am pròiseas taghaidh air a chur a-mach ann am [Poileasaидh Fastaidh MG ALBA](#).

Pannal Taghaidh

An t-Àrd-Oifigear, buill a' Bhùird agus buill den sgioba àrd-stiùiridh, air an taiceachadh leis a' Chomhairliche HR. Bithear a' cleachdadadh pròiseas fastaidh ceithir ìrean:

- | | |
|-------|---|
| Ìre 1 | Litir tagraidh agus CV, gearr-liosa |
| Ìre 2 | Sealladh air Myers Briggs, eacarsaich ro-agallamh |
| Ìre 3 | Conaltradh neo-fhoirmeil, ro agallamh (HR/sgioba àrd-stiùiridh) |
| Ìre 4 | Agallamh / taisbeanadh |

Pasgan ath-ghluasaid

Bidh MG ALBA a' toirt seachad taic ath-ghluasaid roghnach do luchd-obrach gus cosgaisean leithid cosgaisean gluasaid, cìsean laghail, cìsean riochdairean oighreachd, cìs stampa agus cosgaisean co-cheangalite eile a phàigheadh. Tha seo an urra ri tairgse cosnaidh a bhith air a ghabhail, fàirdealan gan toirt seachad agus luach as àirde de £8,000.

Sgrùdadh Co-ionannachd Chothroman

Tha sinn nar fastaichean co-ionannachd chothroman agus bithear a' cumail sgrùdadh air dàta fastaidh. Cuiribh crìoch air an fhoirm an cois seo, a tha a rèir reachdas GDPR.

Tagraichean Ciorramach

Cuirear failte air tagraidhean bho dhaoine ciorramach agus tha sinn a' gabhail pàirt san Sgeama Agallamh Barantas Obrach airson tagraichean a tha air iad fhèin a mheasadh mar chiorramach agus a tha a' coileanadh nan slatan-tomhais aig an ìre as isle airson dreuchd bhàn.

Rèitearan

Thèid fios a chur gu dà rèitire nuair a thèid gabhail ri tairgse obrach cumhach. Cha tèid fios a chur gu rèitire gun ur cead.

Dàimh le Ball Bùird / Oifigear / Strì eadar Chom-pàirtean

Bu chòir dàimhean le buill bùird no luchd-obrach, no strì chom-pàirtean ann an dà-rìribh na dh'fhaodadh a bhith air fhaicinn mar strì chom-pàirtean a chur am follais san tagradh.

GDPR

Thèid dàta pearsanta taobh a-staigh ur tagradh a phròiseasad, a chumail agus a chur ann an tasglann/cur às dheth a rèir [Sanas Prìobhaideachd MG ALBA](#).

GEÀRR-IOMRADH AIR TEIRMEAN IS CUMHAICHEAN NA H-OBRACH

Ìre	Ìre F
Tuarastal	£70,000 (cothrom co-rèiteachaidh airson tagraiche sònraichte)
Fòrladh bliadhnailean	25 là + 12 saor-làithean poblach
Peinnsean	Sgeama Peinnsein Tabhartas Sònraichte, curidh MG ALBA 10% den tuarastal bliadhnailean, a' dol suas gu 15% ma chuireas an neach-obrach tabhartas de 5% ris
Bàs ann an Seirbheis	4 x Tuarastal Bliadhnailean
Sochairean Eile	Gus dòigh beatha fhallain a bhrosnachadh thathas a' tairgse ballrachd tall-spòrs. Tha dòighean-obrach math teaghlaich agus sùbailte againn agus thathas a' tairgse sgeama bileag chloinne.

Sgeama Pàigheadh Tinneis

Seirbheis	suas	gu	dà	Làn-pàigheadh 1-mhìos agus leth-pàigheadh 1 mhìos, ann an aon bhliadhna
An-dèidh	seirbheis	2		Làn-pàigheadh 2-mhìos/leth-pàigheadh 2 mhìos, ann an aon bhliadhna
An dèidh seirbheis 3	gu	4		Làn-pàigheadh 3-mìosan/leth-pàigheadh 3 mìosan, ann an aon bhliadhna
An-dèidh	seirbheis	5		Làn-pàigheadh 4-mìosan/leth-pàigheadh 4 mìosan, ann an aon bhliadhna

Ionnsachadh & Leasachadh

Tha e riatanach gum bi plana Ionnsachaidean agus Leasachaidean aig gach neach-obrach a ni comasach dhaibh fàs nas èifeachdaich nan obair agus na h-amasan bliadhnailean obrach aca a choileanadh.

Gàidhlig

Is e a' Ghàidhlig cànan obrach MG ALBA agus mar sin thathas, aig an ìre as lugh, a' lorg neach-ionnsachaidean le dealas a thaobh a bhith ag ionnsachadh ach 's e ar miann gum biodh ìre comais sa chànan labhairteach agus sgrìobhte aig an neach.

Tuilleadh Fiosrachaidh

Airson còmhradh neo-fhoirmeil mu pìos sam bith den obair, curibh fios gu hr@mgalba.com agus thèid àm freagarrach a chur air dòigh airson còmhradh.

DEALBH-OBRACH

Tiotal-obrach / Roinn	Stiùiriche Ionmhais Ionmhas, Rianachd & Gniomhachais	Ìre	F	Uaireannan Seachdainneach	37
Cùmhnant	Maireannach	Tuarastal	Suas ri £70,000 (cothrom co-rèiteachaidh airson tagraiche sònraichte) a tha co-ionann ri eòlas & a rèir dùilean tuarastail stiùiriche buidheann poblach		
Amas	<ul style="list-style-type: none"> Obraich còmhla ris an Sgioba Àrd-stiùiridh a' coileanadh gach riatanas a thaobh ceannardas an Sgioba Ionmhais is Ghniomhachais A bhith os cionn dealbhadh, stiùireadh agus co-òrdanachadh gniomhan ionmhais & gnìomhachais MG ALBA, riaghlaigh agus rianachd oifisean agus gnìomhachas MG ALBA A bhith os cionn agus a' stiùireadh ghoireasan ann an Steòrnabhagh A bhith cunntachail don Àrd-Oifigear agus ann a bhith a' coileanadh seo a bhith ag ullachadh nan Cunntasan Reachdail, an Aithisg Bhliadhnailean agus cùisean Ionmhais is Riaghlaidh co-cheangailte eile a tha riatanach airson Riaghlaigh, Bòrd agus Comataidh Sgrùdaidh 				
Cunntachail do	An t-Àrd-Oifigear				
Le uallach airson	<ul style="list-style-type: none"> Ag ullachadh buidseat bliadhnailean MG ALBA Cur an gnìomh smachd ionmhais Ag ullachadh cunntasan riaghlaidh mìosail Cruthachadh cunntasan reachdail agus aithrisean riaghlaidh a rèir riaghailtean cunntasachd àbhaisteach Taobhan buaidh ionmhasail is eaonamach de thagraidhean maoineachaidh Riaghlaigh sgrùdadadh bhon taobh a-muigh Smachd air sruth-airgid A' taisbeanadh Chunntasan agus Aithisg Bhliadhnailean don Sgioba Àrd-stiùiridh, a' Chomataidh Sgrùdaidh, am Bòrd, Ofcom agus Riaghaltas na h-Alba Riaghlaigh gu h-iomlan obraichean ionmhasail, cunntasachd agus rianachd airson MG ALBA Cur an gnìomh cleachdaidhean riaghlaidh corporra as fheàrr, agus a' cùmail sùil air gèilleadh ri poileasaidhean solarachaидh agus reachdas a' dèanamh cinnteach à luach an airgid as fheàrr Ag obair leis an Sgioba Àrd-stiùiridh, ann an co-chomhairleachadh leis an Sgioba Leantainneachd Gnothaich, ann a bhith a' riaghlaigh atharrachaidhean san àite-obrach ri linn COVID & cùisean iar-COVID agus atharrachaidhean poileasaidh co-cheangailte Stiùireadh thoglaichean agus ghoireasan goireas Steòrnabhaigh Stiùireadh Riosgan Os-shealladh là gu là air gnothaichean HR ann an co-bhonn ris a' Mhanaidsear HR 				
Dàimhean obrach	<p>Bidh an neach-dreuchd cunntachail don Àrd-Oifigear. Bidh uallach air an neach-dreuchd airson riaghlaigh loidhne de sgioba de 8 luchd-obrach maireannach agus obraichidh iad gu dlùth leis na comhairlichean HR agus slàinte is sàbhailteachd bhon taobh a-muigh.</p> <p>Bidh an neach-dreuchd ag obair bho latha gu latha leis an Àrd-Oifigear agus an sgioba àrd-stiùiridh agus àrd luchd-co-dhùnaidh eile, a bharrachd air còmhla ri co-obraichean air feadh na buidhne.</p>				

	<p>Feumaidh dàimhean obrach sàr-mhath a bhith aig an neach-dreuchd le cathraiche agus bòrd MG ALBA.</p> <p>Bidh an neach-dreuchd ag obair gu dlùth le comhairlichean on taobh a-muigh, luchd-ùidh san raon phoblach agus phoilitigeach agus com-pàirtichean a' gabhail a-steach an roinn riochdachaidh neo-eisimeileach, Ofcom, Riaghaltas na h-Alba, comhairlichean cìse, comhairlichean peinnsein, luchd-lagha, luchd-sgrùdaidh a-staigh agus a-muigh</p>
Toraidhean	<p>Bidh an neach-dreuchd a' cur gu mòr ri bhith a' toirt seachad ceannardas, stiùireadh agus libhrigeadh taobh a-staigh nam prìomh raointean toraidh a leanas den Sgioba Ionmhais, Riaghlaidh is Obrachaidean:</p> <p>Cunntasachd & Dearbhadh - a' toirt a-steach ullachadh buidseit bliadhnaidh; aithrisean ionmhais; siostaman & smachdan; clàran so-mhaoin; fiosrachadh riaghlaidh & cunntasan mìosail; riaghlaidh sruth-airgid; smachd air caiteachas; solar & cumhnantan; ullachadh chunntasan bliadhnaidh a rèir riaghailtean cunntasachd àbhaisteach; riaghlaidh in-sgrùdaidh taobh a-staigh & taobh a-muigh; solar toraidhean riaghlaidh.</p> <p>Ro-innleachd Ionmhais & Gniomhachais - a' comhairleachadh, a' co-nbrachadh agus a' cruthachadh ro-innleachdan ionmhais seasmhach airson a' ghnìomhachais a rèir planaichean is amasan corporra; a' glèidheadh maoineachadh gu soirbheachail tro mholaidhean ionmhais structaraichte agus cruthachail; a' riaghlaidh lughdachadh chosgaisean agus dùblain luach an airgid; a' sìreadh modh-nbrach èifeachdas gniomhachais a' toirt a-steach deagh fheum de theicneòlas; ullachadh thagraidhean agus molaidhean ionmhais; a' cur ri bhith a' lorg sruthan ionmhais is teachd-a-steach ùra, a' stiùireadh ro-innleachdan gniomhachais san roinn solair.</p> <p>Tabhartasan Ceannardais - mar bhall den Sgioba Àrd-stiùiridh agus Bòrd Co-bhanntachd BBC ALBA. A' toirt comhairle agus a' cur ri planaichean àite-nbrach agus atharrachaidhean iar-Covid-19.</p> <p>Rianachd Gniomhachais - Riaghlaidh agus stiùireadh rianachd gniomhachais aig MG ALBA, ann an cumhnantan leis an roinn riochdachaidh agus luchd-ùidh eile. Toirt seachad aithisgean fiosrachaidean do luchd-stiùiridh MG ALBA, Bòrd MG ALBA, Riaghaltas na h-Alba & Ofcom. Cumail suas deagh dhàimhean le luchd-ùidh agus seirbheisich chatharra ris am bi MG ALBA a' dèiligeadh.</p> <p>Rianachd Companaidh – A' cur an gniomh deagh chleachdad a' riaghlaidh corporra sa bhuidheann. Co-nbrachadh le co-obraichean ann an Sgioba Àrd-stiùiridh MG ALBA gus planaichean ro-innleachdail MG ALBA a dhealbh agus a bhuleachadh.</p> <p>Rianachd oifis - Stiùireadh seirbheisich rianachd agus goireasan MG ALBA.</p> <p>Cultar agus conaltradh - A' togail cultar air prìomh luachan MG ALBA - [Cruthachalachd, Luchd-amhairc, Miann-adhartais, Com-pàirteachas, Spòs] agus a' libhrigeadh seirbheis àrd-inbhe don luchd-amhairc. Dèanamh cinnteach gu bheil sàr chonaltradh ann nuair a bhios tu a' roinn fiosrachadh taobh a-staigh na sgioba agad fhèin agus le co-mhanaidsearan agus co-obraichean.</p>
Fad na h-nbrach	Làn thìde

SÒNRACHAS PEARSANTA

	Riatanach	Mionnaichte
Teisteanasan / Eòlas	<ul style="list-style-type: none"> Cunntasair teisteanachaite Eòlas riaghlaidh luchd-ùidh / dàimh 5 bliadhna no barrachd Eòlas leasachaith / libhrigidh ro-innleachdail de 5 bliadhna no barrachd Eòlas Stiùiriche Leasachaith Malairteach, Teicnigeach no Gníomhachais 	<ul style="list-style-type: none"> Teisteanas clàraichte no proifeasanta, MBA no a leithid Dreuchd soirbheachail a' sealltainn fianais de cheannardas taobh a-staigh dreuchd àrd-mhanaidsear Eòlas dearbhte sgioba agus ceannardas dhaoine Soirbheachas / eòlas atharrachaidh gníomhachais Sgilean a thaobh a bhith a' toirt buaidh
Eòlas	<ul style="list-style-type: none"> Eòlas dearbhaichte ann an cunntasachd, dearbhaide agus aithris ionmhasail Dàimh & riaghlaidh luchd-ùidh Dealbhadh is leasachadh ro-innleachdail 	<ul style="list-style-type: none"> Riaghaltas ionadail agus nàiseanta Modhan co-obrachail agus obair compàirteachais Cothroman leasachaith teicneòlais bho shealladh gníomhachais / malairteach
Sgilean	<ul style="list-style-type: none"> Riaghlaidh ionmhais / cunntasachd, aithris agus smachdan buidseit Aithris is eadar-obrachadh a' Bhùird / Comataidh Tagraighean maoineachaith / tairgse malairteach Poileasadhean agus modhan riaghlaidh Stiùireadh sgioba Sgilean taisbeanaidh Eagrachadh agus dealbhadh Co-rèiteachadh agus buaidh Fuasgladh dhuilgheadasan A' riaghlaidh suas Stiùireadh ùine & pròiseact 	<ul style="list-style-type: none"> Eòlas coidsidh / comhairleachaidh Ùr-ghnàthachadh / leasachadh pròiseict Atharraich eòlas riaghlaidh / ath-leumachd Dealbhadh leantainneachd Leasachadh dàimh dhaoine agus luchd-ùidh
Riatanas càinain	<ul style="list-style-type: none"> Neach-ionnsachaith na Gàidhlig / dealasach mu bhith ag ionnsachadh 	<ul style="list-style-type: none"> Comasan Gàidhlig fileanta ann an labhairt agus sgrìobhadh
Modh-giùlain	<ul style="list-style-type: none"> Ag obrachadh gu math ann an sgioba A' stiùireadh tro eisimpleir Beachd 'dèanadais' Co-fhaireachdainn Co-chomhairleachaidh, treibhdhireas, earbsa Comasair sgiobaidhean Brosnachail & ag amas air daoine 	